A’ Togail Dhealbhan is a’ Clàradh Bhidiothan; Tachartasan Poblach is Leth-phoblach

’S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a’ cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th’ agaibh mu mar a thathar a’ cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a’ buntainn ris na leanas:

A’ Togail Dhealbhan is a’ Clàradh Bhidiothan aig Tachartasan Poblach is Leth-phoblach

Leis a’ phròiseas seo, bidh sinn a’ togail, a’ stòradh agus a’ taisbeanadh dhealbhan-camara agus a’ clàradh, a’ stòradh is a’ taisbeanadh bhidiothan, dealbhan a thogas sinn is bhidiothan a chlàras sinn aig tachartasan poblach is leth-phoblach, airson adhbharan sanasachd is margaidheachd

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 1: Sanasachd is Margaidheachd	Thèid dealbhan-camara is bhidiothan a sgaoileadh gus sanasachd is margaidheachd a dhèanamh air obair Sabhal Mòr Ostaig. Dh’fhaodadh na leanas a bhtih mar phàirt de sin: • A’ foillseachadh stuthan bho thachartasan is rudan a nì daoine air làraich-lìn is meadhanan didseatach eile, leithid nam meadhanan sòisealta • A’ sgaoileadh dhealbhan de dhaoine a tha an sàs ann an ionnsachadh is teagasg gus sanasachd a dhèanamh air obair Sabhal Mòr Ostaig sna meadhanan sòisealta • A’ cleachdadh dhealbhan ann an stuthan sanasachd no margaidheachd leithid bhileagan, leabhrain-shanas, postairean is brataichean • A’ dèanamh agus a’ sgaoileadh fhilmichean is bhidiothan margaidheachd

’S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh:

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 1: Sanasachd is Margaidheachd

’S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh air adhbharan dligheach a th’ aig Sabhal Mòr Ostaig.

’S e an t-adhbhar dligheach a th’ againn gu bheil ùidh aig na daoine a leanas ann an obair Sabhal Mòr Ostaig: oileanaich, buill de na teaghlaichean aca, coimhearsnachdan agus aig a’ mhòr-shluagh, luchd-compàirt is luchd-ùidhe, agus aig daoine fa leth is buidhnean a tha an sàs, no aig a bheil com-pàirt, ann am poileasaidhean is maoineachadh poblach. Tha àite cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig ann an coimhearsnachdan ionadail agus ’s e a nì feum do na ceanglaichean a th’ againn ri coimhearsnachdan nuair a gheibh daoine cothrom na bhios a’ dol aig tachartasan poblach is leth-phoblach ‘fhaicinn’.

A’ Togail Dhealbhan is a’ Clàradh Bhidiothan; Tachartasan Poblach is Leth-phoblach

Thèid, no ’s dòcha gun tèid, ur dàta a cho-phàirteachadh leis an luchd-fhaotainn no na seòrsaichean luchd-faotainn a leanas:

’S dòcha gun tèid stuthan margaidheachd is sanasachd a cho-phàirteachadh le luchd-compàirt is luchd-ùidhe mar phàirt de cho-iomairtean sanasachd is margaidheachd airson iomairtean, obair, pròiseactan, agus tachartasan. Cha tèid dealbhan de dhaoine fa leth a cho-phàirteachadh. Uaireannan, ’s dòcha gun iarr a’ Cholaiste air dealbhadair-camara no neach-bhidio bhon taobh a muigh dealbhan a thogail no bhidiothan a dhèanamh aig tachartasan.

Cumar an dàta agaibh airson na h-ùine a leanas:

Cumar dealbhan-camara, a thèid a thogail air adhbharan margaidheachd, airson deich bliadhna bho dheireadh na bliadhna acadaimigich san tèid an dàta a chruinneachadh. Mar eisimpleir, ma chaidh an dàta agaibh a chruinneachadh sa Mhàrt 2026, thèid cur às dhan dàta agaibh aig deireadh na bliadhna acadaimigich 2035/36. Bidh ìomhaighean is bhidiothan a thèid fhoillseachadh air làraich-lìn, sna meadhanan sòisealta, ann an stuthan sanasachd, ann an aithisgean-measaidh agus ann am film aig deireadh pròiseict air an sgaoileadh am measg a’ phobaill.

A’ cur dàta gu dùthchannan

Fo GDPR na Rìoghachd Aonaichte, tha riaghailtean cuingealachaidh ann a thaobh a bhith a’ cur dàta pearsanta gu dùthchannan taobh a-muigh na RA, no gu buidhnean eadar-nàiseanta. Tha na riaghailtean seo ann seach nach bi dàta a’ tighinn fo riaghailtean GDPR na RA tuilleadh aon uair ’s gun cuirear gu dùthaich eile e agus caillidh sibh na modhan-dìona coitcheann (modhan-dìona is còraichean) a gheibhear fo GDPR na RA aon uair ’s gun tèid an dàta agaibh a chur gu dùthaich eile. Aon uair ’s gun tèid dàta a thoirt seachad mar seo, dh’fhaodadh gun tig e fo laghan dìon dàta na dùthcha chun an tèid a chur – no dh’fhaodadh nach bi e a’ tighinn fo laghan dìon dàta sam bith mura h-eil leithid a laghan aig an dùthaich chun an tèid a chur.

Dh’fhaodadh gun dèan Sabhal Mòr Ostaig com-pàirteachadh air an dàta agaibh le cuid a sheirbheisean thall thairis, leithid mheadhanan sòisealta, agus gum foillsich sinn an dàta agaibh ann an dòighean eile. Aon uair ’s gun tèid an dàta agaibh fhoillseachadh gu poblach, tha e glè dhoirbh, no gu tric do-dhèanta, an dàta fhaighinn air ais agus/no a chumail fo rian.

Seo na còraichean a th’ aig na daoine ris am buin an dàta:

- A’ chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
- A’ chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th’ againn mur deidhinn
- A’ chòir gus mar a chleachdar an dàta pearsanta agaibh a chuingealachadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

- A’ chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d’ fhuair sinn ur cead
- A’ chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh

• A’ chòir gus iarraidh oirnn an dàta pearsanta agaibh a dhubhadh às
• A’ chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a’ chòir agaibh gus gearan a chur gu Sabhal Mòr Ostaig no Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chaidh an dàta pearsanta agaibh a chleachdadh no a làimhseachadh.
Gus gearan a chur gu Sabhal Mòr Ostaig, cuiribh post-d gu gdpr@smo.uhi.ac.uk.
Tha Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh na ùghdarras neo-eisimeileach airson na RA a chaidh a stèidheachadh gus còraichean fiosrachaidh dhaoine a dhìon a chum maith a’ phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk.